



Na Dùthchannan Aonaichte

'S e buidheann eadar-nàiseanta a chaidh a chur air bhonn ann an 1945 a tha san UN. An-dràsta tha 193 **Buill-stàite** ann.

Tha misean agus obair an UN air an stiùireadh leis na h-adhbharan agus na prionnsapalan sa **Chairt** stèidheachaidh.

Ann an 1945, bha dùthchannan air an **sgrios**. Bha an Dàrna Cogadh seachad agus bha an saoghal ag iarraidh sìth.

Chruinnich 51 dùthaich ann an San Francisco air a' bhliadhna sin gus **sgriobhainn** a shoidhnigeadh. B' e **Cairt** a bha san **sgriobhainn**, a' cruthachadh buidheann ùr – na **Dùthchannan Aonaichte**.

70 bliadhna às dèidh sin tha na **Dùthchannan Aonaichte** a' gleidheadh sìth agus **tèarainteachd** gu h-eadar-nàiseanta. Tha iad a' cur air adhart **leasachadh** agus a' toirt taic **dhaonnachdach** do dhaoine a tha ann an dìth. Tha iad a' cumail suas laghan eadar-nàiseanta, a' **dìon chòraichean** daonnda agus a' brosnachadh **deamocrasaidh**.

Agus a-nis, tha na **Buill-stàite** ag obair còmhla airson sabaid an aghaidh atharrachadh sa **ghnàth-shìde**.

Tha an UN a' cuideachadh le togail an t-saoghail nas fheàrr a bh' aig an luchd-stèidheachaidh san amharc o chionn 70 bliadhna.

